

Cuairt litir . Newsletter

Comann nam Pàrant Nàiseanta



An t-Sultain 2024
September 2024



Comann nam Pàrant

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
Gaelic Medium Education in Scotland

Cuispearan / Subjects

Duilleag / Page

Cothroman Ionnsachaidh le Comann nam Pàrant / Learning Opportunities with Comann nam Pàrant

2

Cothroman Cabadaich / Conversation Opportunities

3

Thig a Chluich

4

Comunn na Gàidhlig

5

Film G

6

Comann nam Pàrant Nàiseanta

7

Stuth Òigridh aig a' Mhòd / Youth Activities at the Mòd

8

Sradagan aig a' Mhòd

9

Naidheachd eile / Other News

10



Comann nam Pàrant

5 Caolshràid Mhicheil | Inbhir Nis | IV2 3HQ | Fòn: 01463 234138 | Facs: 01463 237470 | Fòn-làmhe: 07771834481
5 Mitchell Lane | Inverness | IV2 3HQ | Tel: 01463 234138 | Fax: 01463 237470 | Mobile: 07771834481

www.parant.org.uk



Cothroman Ionnsachaidh le Comann nam Pàrant

Learning Opportunities with Comann nam Pàrant

FREE, ONLINE GAELIC CLASSES WITH COMANN NAM PÀRANT NÀISEANTA!

NEW BLOCK OF FREE, ONLINE BEGINNERS' GAELIC CLASSES FOR THOSE WITH CHILDREN OR GRANDCHILDREN AT A GAELIC PARENT & TODDLER GROUP, SGOIL-ÀRAICH OR BUN-SGOIL. RUNNING FROM 3 SEP 2024- 25 MARCH 2025

TUESDAYS:

10-11AM, 12-1PM, 3-4PM

WEDNESDAYS:


11AM-12PM, 12-1PM, 3-4PM, 6.30-7.30PM

REGISTRATION FOR THIS BLOCK HAS CLOSED, BUT GET IN TOUCH IF YOU WOULD LIKE TO BE PLACED ON A WAITING LIST FOR ANY OF THE SLOTS ABOVE.

Has your child or grandchild recently started Gaelic Education? This is your opportunity to learn some Gaelic to support them. The Family Development Officer, Lewis, offers several opportunities to learn and use your Gaelic as well as providing language and vocabulary that is useful for using around the home. Below you will see further information about the opportunities available. If you require further information, please contact lewis@cnag.org

Pàist' no ogha air tòiseachadh ann am Foghlam Gàidhlig? Seo ur cothrom airson beagan Gàidhlig ionnsachadh gus taic a chumail riutha-san. Tha an t-oifigear teaghlaich aig Comann nam Pàrant, Lewis, a' toirt iomadh cothrom airson Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh a bharrachd air a bhith a' toirt seachad cànan agus briathrachas a tha feumail airson cleachdadh timcheall an taighe. Chì sibh gu h-ìosal barrachd fiosrachaidh mu na cothroman a tha rim faighinn. Ach ma tha sibh ag iarraidh barrachd fiosrachaidh, leigibh fios gu lewis@cnag.org

QUIZLET WITH COMANN NAM PÀRANT NÀISEANTA




GET GAELIC INTO YOUR
DAILY ROUTINE WITH
OUR FLASHCARDS ON THE
QUIZLET APP - NEW SETS
ADDED EVERY MONTH:

[COMANNAMPARANT | QUIZLET](https://www.quizlet.com/join/comannnamparant)

Cothroman cabadaich

Cuir brath gu Lewis Laing
son tuilleadh fios:
lewis@cnag.org

COTHROM CRUINNEACHAIDH AIG LIOS LUIBHEACH INBHIR NIS




COTHROM DHA PÀRANTAN 'S SEANA-
PHÀRANTAN A THIGHINN CRUINN COMHLA SON
BEAGAN COFAIDH IS CABADAICH ANN AN
CAFAIDH AN LIOS LUIBHICH (THE BOTANIC
GARDENS)

GACH DIARDAOIN 10-11M

LE COMANN NAM PÀRANT 'S
COMUNN NA GAIDHLIG

COFFEE & A BLETHER IN GAELIC AT INVERNESS BOTANIC GARDENS



AN OPPORTUNITY FOR PARENTS &
GRANDPARENTS TO GET TOGETHER FOR A
COFFEE AND A BLETHER IN GAELIC AT THE
INVERNESS BOTANIC GARDENS' CAFE.

EVERY THURSDAY 10AM-11AM

WITH
COMANN NAM PÀRANT, NÀISEANTA &
COMUNN NA GAIDHLIG

Conversation opportunities

Contact Lewis Laing for
more info lewis@cnag.org

Thig a Chluich



During the summer Thig a Chluich held different sessions at Eoropie, Seilebost and Gress Beach as well as delivering sessions at Heb Celt. Thig a Chluich also went to Uist and Barra and delivered sessions in North Uist, South Uist and Barra as well as an additional bookbug session in Barra.

With the school term, Pàrant is Pàiste groups are back running. For a full list of where and when Pàrant is Pàiste sessions are taking place across Scotland please see - neadan.scot

Thig a Chluich will continue visiting different communities throughout Lewis and Harris. Please see their [Facebook](#) to keep up-to-date as to where they are visiting each week.

Thar an t-samhraidh, chùm Thig a Chluich diofar sheiseanan aig Traigh Shanndaigh, Traigh Sheilabost agus Traigh Griaais is lìbhrig iad cuideachd seiseanan aig Heb Celt. Chaidh Thig a Chluich cuideachd a dh' Uibhist agus Barraigh far an do lìbhreag iad seiseanan ann an Uibhist a Tuath, Uibhist a Deas agus Barraigh agus seisean Bookbug a bharrachd ann am Barraigh.

Leis an teirm-sgoile ùr air tòiseachadh, tha na buidhnean Pàrant is Pàiste air ais a' ruith mar is àbhaist. Airson an liosta air fad air far a bheil seiseanan Pàrant is Pàiste a' gabhail àite air feadh na h-Alba, theirig gu - neadan.scot

Bidh Thig a Chluich a' cumail a' dol a' tadhal air diofar choimhearsnachdan timcheall Leòdhas is na Hearadh. Cùmaibh sùil air an duilleig [Facebook](#) airson fios às ùr air cò na h-àiteachan air am bi iad a' tadhal bho sheachdain gu seachdain.





Comunn na Gàidhlig

CnaG has been very busy over the summer. During the first 2 weeks of July we ran 2 successful Campa Sradagan at Fairburn Activity Centre, where we took part in many exciting activities such as paddle boarding, gorge walking, and Jacob's ladder. Our officers were kepy busy for the rest of the summer with their own summer and BRAG activities, which gave young people in their areas the opportunity to continue using Gaelic during the holidays.

We have a teenage camp upcoming for young people in S1-3 in Torrin, Skye which will run between 21st-25th October with Spòrs Gàidhlig. Contact fios@spors.scot for more information.

CnaG are also celebrating 40 years as an organisation this year. There was a concert held at An Lanntair, Stornoway on 6th September, and a family cèilidh at Clan MacQuarrie on 7th September; both of these events were run in partnership with Blas Festival! We will also be running other events throughout the year to celebrate this milestone, so keep an eye on our social media!

Tha CnaG air a bhith gu math trang tron t-samhradh. Sa chiad dà sheachdain den luchar, bha dà Champa Sradagan gu math soirbheachail againn aig Ionad Chur-seachdan Farabhraoin, far an robh sinn ri iomadh chur-seachad spreòdach, leithid bòrd-seasaimh, claiseachd, agus àradh làcoib. Airson a' chòrr den t-samhradh, bha na h-oifigearan againn dripeil leis na tachartasan samhraidh agus BRAG aca, a' toirt cothrom don òigridh sna sgìrean aca Gàidhlig a chleachdadh tro na saor-làithean.

San ùine bhig a tha romhainn, bidh Campa nan Torran do dh'òigridh S1-3 a' ruith eadar 21mh-25mh den Dàmhair san Eilean Sgitheanach còmhla ri Spòrs Gàidhlig! Cuir fios gu fios@spors.scot airson barrachd fiosrachaidh.

Am-bliadhna, tha CnaG a' comharrachadh 40 bliadhna bho chaidh a' bhuidheann a stèidheachadh. Chaidh cùirm-chiùil a chumail aig an Lanntair air an 6mh den t-Sultain, agus cèilidh teaghlaich le Urras Oighreachd Ghabhsainn air an 7mh den t-Sultain; bha an dà chuir seo ann an com-pàirteachais le Fèis Bhlas! Bidh tachartasan eile a' tachairt airson an ceann-bliadhna sònraichte seo a chomharrachadh air feadh na bliadhna, is mar sin, feuch gun cùm sibh sùil air na meadhanan sòisealta againn!



FILMG



Co-fharpais FilmG fosgailte FlimG Competition Open

FilmG is returning for it's 17th year and entries are now open. With distinct competitions for under 18s and over 18s, you are required to create Gaelic Language films five minutes in length. All films should be submitted by 9 December 2024.

In line with this year's visual motif of Crathadh (to shake up), the competition has launched with a few surprises.

Filmmakers are no longer being asked to create a film based on a theme – entries are instead open to the creative license of any subject.

FilmG Project Director, Murdo MacSween, said, *“We’ve listened to the feedback from filmmakers past and present and have decided to shake things up by leaving the FilmG theme open for the first time in the competition’s 17-year history.”*

“We’re also choosing not to announce the award categories until the new year, allowing us to structure highly competitive categories that will further showcase the diversity and innovation in Gaelic filmmaking.”

Any filmmaker or group wanting to get started can contact the FilmG team directly for support.

<https://www.filmg.co.uk>

Tha an 17mh co-fharpais FilmG fosgailte is iad a-nis a' gabhail ri inntrigidhean. Le co-fharpaisean sònraichte do dhaoine fo aois 18 agus nas sine na 18, tha agaibh ri fiolmaichean Gàidhlig de 5 mionaidean a dh'fhaid a chruthachadh. 'S e 9 Dùbhlachd 2024 an ceann-là airson fiolmaichean a chur a-staigh.

A rèir bun-smuain na bliadhna-sa, *crathadh*, tha an fharpais air tòiseachadh le atharraichean an siud 's an seo.

Chan eilear ag iarraidh filmichean stèidhichte air cuspair sònraichte tuilleadh – an àite sin tha faodaidh na fiolmaichean a bhith mu chuspair sam bith.

Thuir Murchadh MacSuain, Stiùiriche Pròiseict FilmG: *“Tha sinn air èisteachd ri fios air ais bho fhilmeadairean agus tha sinn air co-dhùnadh cùisean a chrathadh le bhith a' fàgail cuspair FilmG fosgailte airson a' chiad uair ann an eachdraidh na farpais.”*

“Tha sinn cuideachd a' roghnachadh gun a bhith a' foillseachadh nan roinnean gus a' bhliadhna ùr, a' toirt cothrom dhuinn roinnean farpaiseach a chur an cèill gus an iomadachd agus cruthachalachd a thaisbeanadh san dòigh as fheàrr.”

Faodaidh filmeadairean no buidheann sam bith a tha airson tòiseachadh fios a chuir gu sgioba FilmG airson taic.

<https://www.filmg.co.uk>

Comann nam Pàrant Nàiseanta

Comann nam Pàrant Nàiseanta continues to meet on a quarterly basis to discuss both national and local issues facing Gaelic Medium Education (GME). We normally hold three of our meetings online and one meeting per year face-to-face in Glasgow. In addition to our own meetings, we collaborate with other key Gaelic Medium agencies, including Education Scotland, Stòrlann, Bòrd na Gàidhlig, and Sabhal Mòr Ostaig. These liaison meetings provide parental representatives with valuable opportunities to address important topics and advocate for developments in GME. Recent discussions have focused on areas such as the role of Language Assistants and increasing the selection of Gaelic reading materials for young learners.

Our current chair, Helen MacKinnon, based in Glasgow, says *“Comann nam Pàrant Nàiseanta is an opportunity for representatives from across the country to come together and discuss issues facing GME both locally and nationally while getting an opportunity to input into wider discussions with partner organisations. We are a friendly group who are all working together towards the same goal to support, develop and promote Gaelic Medium Education.”*

Having a national committee allows us to gain a broad perspective on what’s happening across the country. We are currently encouraging representatives from Highland Council and Comhairle nan Eilean Siar to become involved in the committee, as these areas are currently not represented on the committee. If you are interested or would like more information, please contact innes@cnag.org. For additional details and to access minutes from previous meetings, please visit our website.

<https://www.parant.org.uk/national-committee>

Bidh Comann nam Pàrant Nàiseanta a’ coinneachadh gach ràithe gus beachdachadh air cùisean nàiseanta is ionadail a tha mu choinneamh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG). Mar as trice cumaidh sinn trì de na coinneamhan againn air-loidhne gach bliadhna a bharrachd air aon choinneamh aghaidh-ri-aghaidh ann an Glaschu. A bharrachd air na coinneamhan againn fhìn, bidh sinn a’ co-obrachadh le prìomh bhuidhnean eile co-cheangailte ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a’ gabhail a-steach Foghlam Alba, Stòrlann, Bòrd na Gàidhlig, agus Sabhal Mòr Ostaig. Bheir na coinneamhan seo cothroman luachmhor do riochdairean phàrantan gus coimhead air cuspairean cudromach agus gus tagradh airson leasachaidhean ann am FtG. Tha còmhraidhean bho chionn ghoirid air fòcas a chur air cuspairean leithid cho cudromach’s a tha e Luchd-taic Cànain a bhith ann an suidheachaidhean FtG agus a bhith a’ cur ris an fharsaingeachd de stuthan leughaidh Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh òga.

Tha an cathraiche làithreach againn, Eilidh NicFhionghain, a tha stèidhichte ann an Glaschu, ag ràdh *“Tha Comann nam Pàrant Nàiseanta na chothrom do riochdairean bho air feadh na dùthcha a thighinn còmhla gus beachdachadh air cùisean a tha mu choinneamh FtG an dà chuid gu h-ionadail agus gu nàiseanta agus cuideachd a bhith a’ faighinn cothrom gus pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean nas fharsainge le buidhnean com-pàirteachais. Tha sinn nar buidheann càirdeil a tha uile ag obair còmhla a dh’ionnsaigh an aon amais - a bhith a’ cumail taic ri, a’ leasachadh agus a’ brosnachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.*

Tha a’ chomataidh nàiseanta againn a’ toirt cothrom dhuinn sealladh farsaing a bhith againn air na tha a’ tachairt air feadh na dùthcha. Tha sinn an-dràsta a’ brosnachadh riochdairean bho sgìrean Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle nan Eilean Siar a dhol an sàs anns a’ chomataidh, leis nach eil na raointean sin air an riochdachadh air a’ chomataidh aig an àm seo. Ma tha ùidh agad no ma tha thu ag iarraidh barrachd fiosrachaidh, nach cuir thu fios gu innes@cnag.org. Airson barrachd fiosrachaidh agus gus geàrr-chunntasan nan coinneamhan mu dheireadh fhaicinn, tadhail air an làrach-lìn againn.

<https://www.parant.org.uk/national-committee>



mòd
an
Òbain
2024



Stuth Òigridh aig a' Mhòd Youth Activities at the Mòd

The National Mòd is returning to Oban in October between 11-19 October. This is the first time the Mòd has been hosted in Oban since 2015. Throughout the week there is a variety of activities to attract families and youngsters. Below is a list of the activities available for families and youngsters.

- Lego Club
- Sradagan aig a' Mhòd
- Bookbug Sessions
- Leugh is Seinn le Linda Sessions
- Family Ceilidh
- Early Year's Ceildih
- Cruth – Social Media
- Sruth
- Art Session
- Spòrs Gàidhlig, orienteering sessions and paddleboard sessions
- Flying a Drone
- Build a windmill with Lego
- Explorer's Trail

Some activities are for youngsters fluent Gaelic speakers, others are open to those that are learning the language. For further details about each of activity as well as information as to how to book, please see the Fringe Programme -

[Prògram Iomall a' Mhòid 2024 by Astarmedia - Issuu](#)

For any further information about any of the activities please email modanobain@gmail.com

Bidh am Mòd Nàiseanta a' tilleadh dhan Òban eadar 11-19 Dàmhair. Seo a' chiad uair a chaidh am Mòd a chumail san Òban bho 2015. Bidh measgachadh de chur-seachadan agus tachartasan ann tron t-seachdain gus teaghlaichean agus òigridh a thàladh ann. Tha liosta de na gnìomhan a bhios ann do theaghlaichean is òigridh gu h-ìosal.

- Club Lego
- Sradagan aig a' Mhòd
- Seiseanan Bookbug
- Seiseanan Leugh is Seinn le Linda
- Cèilidh Teaghlaich
- Cèilidh nan Tràth-bhliadhnaichean
- Cruth – Na Meadhanan Sòisealta
- Sruth
- Seisean ealain
- Spòrs Gàidhlig, seiseanan sligheadaireachd agus bòrd-seasaimh
- A' sgèith Dròn
- Tog muileann-gaoithe le Lego
- Slighe Rannsachairean

Tha cuid de na gnìomhachdan airson òigridh a tha fileanta sa Ghàidhlig, agus tha cuid eile fosgailte dhaibhsan a tha ag ionnsachadh a' chàinain. Airson barrachd fiosrachaidh mu gach gnìomh cho math ri fiosrachadh air mar a chlàraicheas tu air an son, faic [Prògram Iomall a' Mhòid - Prògram Iomall a' Mhòid 2024 le Astarmedia - Issuu](#)

Gus barrachd fiosrachaidh fhaighinn mu ghin de na tachartasan seo, cuir post-d gu modanobain@gmail.com



Sradagan



Aig a' Mhòd
Sradagan At The Mòd

**Club òigridh le ealain, geamaichean
& tòrr spòrs**

*Children's Gaelic club with arts, games
& lots of fun*



Airson Clas 1-7
For P1-P7



10:00-12:00

£3

Diluain (Monday) 14.10.24

Dimàirt (Tuesday) 15.10.24

Diciadain (Wednesday) 16.10.24

The Guide Hall,
Oban Town Centre

Bidh Sradagan tro mheadhan na Gàidhlig, mar sin tha e freagarrach do chloinn a tha ann am Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig, no aig a bheil Gàidhlig.

Please note that Sradagan

is entirely Gaelic medium and no English will be spoken, so it is suitable for children enrolled in Gaelic Medium Education, or those who can speak Gaelic fluently

Airson clàradh / To book a space:

shona@cnaG.org / 07710-707928 (fòn obrach / work mobile)

Feumaidh sibh clàradh ro-làimh / booking is essential



Goireasan Air-Loidhne Online Resources

Make sure you are following all our social media pages for latest resources and information. We are on [Facebook](#), [Instagram](#) and [X](#). Also, there are resources available on the Blog at www.neadan.scot and useful resources, especially for early years groups, at www.thigachluich.blogspot.com

Dèan cinnteach gu bheil sibh a' leanntainn ar duilleagan meadhanan sòisealta airson goireasan agus fiosrachadh às ùr. Tha sinn air [Facebook](#), [Instagram](#) agus [X](#). Cuideachd, tha goireasan rim faighinn air Blog aig www.neadan.scot agus goireasan feumail, gu h-àraid airson buidhnean trath-bhliadhnaichean, aig www.thigachluich.blogspot.com



Ealan - Craft
This week we drove cars and trucks through the sand and experimented with filling and emptying things

Fadon na seachdain - This week's words
This week we are learning words related to building things with sand

Gàidhlig	Beurla
Càr	Car
Làraidh	Lorry
Truca	Truck
A' togail	Lifting
A' leagail	Knocking it down
A' cladhach	Digging
A' lìonadh	Filling
A' taomadh	Emptying
Gainmheach	Sand
Tha Bob a' lìonadh an làraidh	Bob is filling the lorry

Òran - song
Tog, tog, tog an caisteal
Tog, tog, tog an caisteal
Tog, tog, tog an caisteal
Aon is dhà is trì,
Leag, leag, leag an caisteal
Leag, leag, leag an caisteal
Leag, leag, leag an caisteal
Aon is dhà is trì,
Build, build, build the castle (x 3)
1 and 2 and 3
Knock down, knock down,
Knock down the castle (x 3)
1 and 2 and 3
Èist - Listen to the song



Thig a Chluich Nan Eilean Siar
website <http://thigachluich.blogspot.org>
Facebook [@thigachluichnaneileansiar](#)
Instagram [@thigachluich](#)
Twitter [@thigachluich](#)

For questions or advice about using or learning Gaelic along with your child contact anne@cnag.org or june@cnag.org

<https://soundcloud.com/acleed-235282550/4-tog-tog-an-caisteal>



Seachdain Dhùn Èideann Edinburgh Week

Edinburgh Gaelic Week 2025 will be taking place week beginning **28 April 2025**. It is open to each Gaelic Medium provision in Scotland. Each school should have received information about the trip but if you haven't, please contact us at innes@cnag.org.

Bidh Seachdain Dhùn Èideann 2025 a' gabhail àite seachdain a' tòiseachadh 28 Giblean. Tha e fosgailte do gach sgoil a tha a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ann an Alba. Bu chòir gu bheil gach sgoil air fiosrachadh fhaighinn mu dheidhinn an turais ach mura h-eil, leig fios thugainn air innes@cnag.org

